

Tuath

air a dheasachadh le Marcos Mac an Tuairneir

Tuath Àireamh 8, 2025

Tionndaidhean Gàidhlig na h-Èireann air Bàrdachd Gàidhlig na h-Alba:
**MEG BATEMAN, PADDY BUSHE, MARCAS MAC AN TUAIRNEIR, PÀDRAIG MACAOIDH,
DEBORAH MOFFATT is SIMON Ó FAOLÁIN**

Òrain Tìr is Tuinn - Liricean le **MÀIRI ANNA NICUALRAIG,
RAONAID NIC AN FHUCADAIR is FLÒRAIDH NICPHÀIL**

Nua-bhàrdachd le Iain MacRàth is Grad-fhicsean le **RHIANNON LEDWELL.**

Bàrdachd Thraidiseanta le **MAIGHREAD STIÙBHART is LIAM ALASTAIR CROUSE**

RODY GORMAN a' beachdachadh air sgrìobhadh is dìleab **DHÒMHNAILL MHICAMHLAIGH**

Shelg yn Dreaan - bàrdachd **ANNIE KISSACK** ann an Gàidhlig Mhannain

Dealbhan-chamara le Ciorstaith NicLeòid, Uibhist a Tuath

Glainne-mhara / Gloine Mhara

Ann an Samhainn 2024, fhuair ceathrar bhàrd fiathachadh cuirm a dhèanamh aig IMRAM - Fèis Litreachas na Gàidhlig Èireannaich fo stiùir Liam Carson - ann am Baile Àtha Cliath. Le taic CholmChille, chaidh dàin le Meg Bateman, Marcos Mac an Tuairneir, Pàdraig MacAoidh is Deborah Moffatt eadar-theangachadh le Paddy Bushe is Simon Ó Faoláin. Aig tachartas beòthail ann an Amharclann Sacabhat Smock, faisg air Barra an Teampaill, chualas cuideachd ceòl air a chumail ri cuid den bhàrdachd, air a sheinn le Colm Ó Snodaigh (Kíla). Tha e na urram dhuinn ceithir dàin bhon phròiseact a nochdadh ro leughadairean Northwords Now - a' bhàrdachd Ghàidhlig ga faicinn uair eile an clò, agus dreachan Gàidhlig na h-Èireann airson na ciad uarach.

Nighean na Ruith

MEG BATEMAN

Chunnaic mi nad ruith thu,
d' aodann fliuch a' deàlradh mar dhaoimean,
d' fhigheachan a' sruthadh a-mach mar earball.
Dh'innis thu gur toil leat falbh a dh'aiteachan brèagha
gus ruith agus cànaínean aosta ionnsachadh.
'Fiù 's san uisce?' dh'fhaighnich mi.
'Gu sòrnachte san uisce', fhreagair thu,
is chaidh thu nad dhàn nam inntinn,
nad eilid thais ghràsmhor fhurachail.
Sa mhadainn an-diugh, air dhomh bhith crùbte
aig a' choimpiutair fad na seachdain,
thog mi fhìn rathad a' bhàigh orm,
nam throtan gu cachaileith a' bhaile,
dh'fhairich mi crodh is mìlse roid is seamraig,
chuala mi monmhar is plubadaich nan allt,
's ged a bha an nigheadaireachd a-muigh agam
b' fheàrr leam gun sileadh e
ach am faighinn blas na h-uile.

Cailín ag Rith

MEG BATEMAN

Aistrithe le Paddy Bushe

Chonac id rith thú,
d'aghaidh tais ag dealramh mar dhiamaint,
do thrilseán gruaige ag síobadh mach mar eiraball.
Dúrais go mba bhreá leat imeacht go dtí aiteanna áille
agus rith agus teangacha seanda a fhoghlaim.
'Fiù san uisce?' a fhiafraíos-sa.
'Go hairithe san uisce' a fhreagraís,
agus deineadh dán díot im intinn,
eilit thais ghrástúil is í ar fhaire.
Is ar maidin inniu, i ndiaidh dom bheith cuachta
os cionn an ríomhaire ar feadh seachtaine,
thugas faoi bhóthar an bhá
ar bogshodar fad le geata teorann an bhaile fearainn,
mheabhraíos eallach agus milse seimre is raideoige,
chuala monabhar is plobarnach na nglaisí,
is cé go raibh níochán ar an líne agam
bhíos ag tnúth go ndéanfadhl sé báisteach
le go bhfaighinn blas an uile ní.

thumbs up

PÀDRAIG MACAOIDH

i.m. aonghas dubh macneacail

air bealach sna pentlands
agus a' ghaoth a' feedalaich
o charlops dhan iar

ann an sgàil creige
a' tha fás dubh 's liath 's geal
sa chathadh mhòr

tha ceumannan
fhir threun thapaidh - *optical illusion* -
a' dannsadh air falbh tron t-sneachda

thumbs up

PÀDRAIG MACAOIDH

Aistrithe le Paddy Bushe

i.m. aonghas dubh macneacail

ar chonair trí shléibhte pentland
is an ghaoth ag feedaíl
ó carlops anoir

faoi scáth creige
atá ag claochló ó dhubb trí liath go bán
sa tsneachta séidte

féach coiscéimeanna
fathach cróga fir - *optical illusion* -

mar a déarfadh sé fén -
ag steipeadaíl leis amach trín sneachta.

Rèite

DEBORAH MOFFATT

Bidh na mairbh a' bruidhinn san oidhche
's mi gan cluinniinn - thu, mo rùin,
a' tadhal air mo mhàthair,

cofaidh 's toitean sa chidsin, còmhchràd beòthail,
mu phoileataigs agus litreachas agus ceòl,
Marx agus Shakespeare agus Bach,

i furanach, fialaidh, thu dàna, cinnteach;
seòrsa rèite, bhiodh e, ach air beag stà,
i marsh fad bhliadhnaichean air ais,

thu fada bhuan ann an eilean do-ruiginn,
mise do-fhurtachd nam leabaidh luim,
ag èisteachd ri gliocas nam marbh.

Réiteach

DEBORAH MOFFATT

Aistrithe le Simon Ó Faoláin

Bíonn na mairbh ag labhairt istoíche
is mé dá gcloisint - tusa, a ghrá,
ag tabhairt chuairt' ar mo mhàthair,

caifé 's toitní sa chistin, comhrá bríomhar,
faoi pholaitíocht agus litríocht agus ceol,
Marx agus Shakespeare agus Bach,

í fàiltiúil, fiail, tusa dána, muiníneach;
réiteach de shaghlas, bíodh sé gan mhaithreas,
mar bhí sí caille leis na cianta,

tú i bhfad uaim ar oiléan doshroichte,
mise gan sólas ar leabaidh loim,
ag èisteacht le críonnacht na marbh.

Glainne-mhara

MARCAS MAC AN TUAIRNEIR

Ghuidhinn Hiort orra,
nan aithnicheadh an t-slighe,
's iad uair eile a' togail
ceist air puist-seòlaidh

A bhios nan iùilean dhuinn
trast loidhnichean-rèisg
na rioghachd
a cho-aonaich ar fine.

Tha gach clàr dhiubh na ciste
de dhùthchas gun phrìs,
ga ghlèidheadh eadar
lidean 's fuaimean,
na sìontan leis an do cho-rinneadh
ar dealbh-tìre

Agus 's leinne e.
'S iad a thàinig is a thraogh
le uisgeachan Earra-Ghàidheil:
tràighe mar ghainne-mhara,
trid-dhoilleir is bleithte
leis an làn.

Gloine Mhara

MARCAS MAC AN TUAIRNEIR

Aistrithe le Simon Ó Faoláin

Ghuífinn turas go tigh an Diabhail orthu,
dá mbeadh an tsli ar eolas acu
agus iad, arís eile, ag ardú ceiste
faoi chomharthaí bóthair

A bhíonn dár dtreoiríú
fìorsceabhadh thar chosáin sí
na ríochta
a d'aontaigh ár gcine.

Gach clár acu is ciste
de dhùchais ríluachmhar,
caomhnaithe idir
siollaí 'gus friotail,
na giotaí as a deineadh
ár dtaobh dtíre

Agus is linne é.
Lón siad is thráigh siad
le huiscí Earraghæl:
luíonn siad mar ghloine mhara,
teimhneach is creimthe
ag an taoide.

Òrain Tìr is Tuinn

Sa Ghearran, thòisicheadh Òran Ùr, sreacht ùr pod-chraolaidhean le BBC Radio nan Gàidheal fo stiùir Ghillebride MhicIleMhaoil, Fiona NicCinnich is riochdairean eile. A' còmharradh beàirteas sgrìobhadh liricean sa Ghàidhlig, air feadh Alba agus ann an cruthan an dà chuid co-aimsireil is traidiseanta, bheir an sreacht cluas air clairistneachd bàrdachd nan òran sa chiad linn thar fhichead. An seo, tha liricean ùr le Màiri Anna NicUalraig, Raonaid Nic an Fhucadair is Flòraidh NicPhàil nach do nochd san t-sreacht, ach a nochdas fhèin cuspairean deatamach an là an-diugh - an dàimh eadar tìr is teanga, cruinne, coimhersnachdan is cuimhne, is buaidh na daonnachd air an anthropocene.

Gearr-iomradh

MÀIRI ANNA NICUALRAIG

Is mis' an geàrr, am Moigheach mòr
'Gearnadh leum is sìnteag fon a' ghealaich shuas,
Faram saoghail bhailbh nam chluais,
Buille cridhe talmhainn fo mo spòig,
Is an cianaran-crò na shuain.

Sùilean dona tràth na gréine,
Làrach diona, cha làrach dhaoine,
'G amharc cuideachd chaoin an rèidhlein
Sùil na shruth gun għluasad an caochan
Deiseil gu leum, deiseil gu sùrdag meallaidh
Aighear leam, aighear leum, aighear èirigh.

Is mis' an geàrr, air monadh àrd, 'g amharc
Amadan na mòintich, athair leis an àl,
Os an cionn, air ite bhuainn
Siubhal sgiobalt' dìreach na broillich ruaidh
Is an cianaran-crò na shuain.

A gheàrr, a gheàrr, ort cùram Dhè a' déarrsad
A gheàrr, a gheàrr, do chumadh glèidh, is feàrr leat.

Sùilean dona tràth na gréine
Bealach àrd na uinneag dha na speuran
'G amharc faileas coire rèidh lem
Shùil na shruth gun għluasad an caochan
Deiseil gu leum, deiseil gu sùrdag meallaidh
Aighear leam, aighear leum, aighear èirigh

Òran na Muice-mhara

MÀIRI ANNA NICUALRAIG

Tha èigh nam chluais, beuc mara,
Mar a dh'inniseadh nighean Mhic Eòghain
Mun tighearnas shuas;
'S ged a bhiodh cuaille an dòrn,
Gur maирg a rinn mo bhualadh,
Ged a bhiodh cuaille an dòrn,
Gur maирg a rinn mo bhodhradh.

Às an doimhneachd,
Às an doimhneachd seinnidh mi dhuibh,
Is èiridh, is èiridh mo ghuth binn os cionn
Èigh ùr às an doimhneachd,
Às an doimhneachd seinnidh mi dhuibh,
Is èiridh, is èiridh mo ghuth binn os cionn
Èigh ùr na mara.

Fo bhalbhachd bàrr na fairge,
Fo shoills na gealaich 's nan reultan bhuan gu h-àrd,
Nì cagar na mara mo għiūlain a-null
'S thèid mo dhàn a sheinn a-nochd
Air cladach taobh thall a' chuain.

Tha èigh nam chluais, cha ghàir ach gaoir,
Mar a dh'inniseadh nighean Mhic Eòghain
Mun tighearnas shuas,
'S ged nach biodh cuaille an dòrn,
Gur maирg a bho gam bhualadh,
Ged nach biodh cuaille an dòrn,
Gur maирg a bhi gam bhodhradh.

Às an doimhneachd...

Fo bhalbhachd bàrr na fairge,
Fo shoills na gealaich 's nan reultan bhuan gu h-àrd,
Nì cagar na mara mo għiūlain a-null
'S thèid mo dhàn a sheinn a-nochd
Air cladach taobh thall a' chuain.

Leanaidh mi slighe mo sheòrsa,
Às an doimhneachd seinnidh mi leibh, mo chineal,
Mnà-usasal mise na tire fo thuinn,
Ionnan sibħse a thilleas mo dħuan a-nochd
Bho chladach taobh thall a' chuain.

Às an doimhneachd...

Smeòrach
RAONAID NIC AN FHUCADAIR IS
FLÒRAIDH NICPHÀIL

Smeòrach a' għlinn,
cho ceòlmhor 's cho grinn,
leis an òran as binn'fo na neòil.
Anmoch is tràth,
a' ceilear le gràdh,
an doir' air a lionadh le ceòl.

O gach meangan fo bhlàth
's o bheanntan gu h-àrd,
a' drùidheadh tron iarmait gu tlàth.
Eunlaith nan speur,
an co-sheirm gu leir,
a' togail an fhuinn le bàidh.

*Hil liù, hil lió, hil èile,
hil liù, hil lió, na h-eòin.
Hil liù, hil lió, hil èile,
hili ò hì na h-eòin.*

Chuala fiùran deas òg
an t-isean gun sgleò.
Dhrùidh e air anam, mar cheò.
Le briathran bha blàth,
rinn e thàladh le gràdh,
gu seòmar fo sgàil nan ròs.

"Ceòl àlainn cho binn,
bidh e agam dhomh flìn.
Bheir e aoibhneas dom chridh', a għnàth."
Ach le sgiathan gun saors'
's gun chòisir nan craobh,
chròn a spiorad 's a shaogħal, gach là.

Cò a cheannsaicheas ceòl?
Cò nì grèim air na neòil?
Cò chumas srian air gràs?
Leig an t-ðigħear, mu sgaoil,
a phriċċasach gaoil.
Thog a mhulad 's a bhròn , air ball

'S dhìrich guthan an t-slèibh,
gu siùblach dhan speur,
mar theudan cruit-chiùil , an t-sèist.
Mar ghathan na grèin',

san òr-mhadainn rèidh,
an ribheidean milis air ghleus.

Caisteal Ghaoilean

RAONAID NIC AN FHUCADAIR IS
FLÒRAIDH NICPHÀIL

Aig cas Chnoc Biorach sheas e 'n àird
Caisteal Dùghallach nam bàrd

Challa hò, challa hò-han

Caisteal Ghaoilean daingean stacach
Saothair cinnidh läidir gaisgeil

Aitreibh churaidh, aitreibh laoch
Aitreibh faire air a' Chaol

Thàinig birlinn, thàinig stri,
Thàinig saighdearan an Rìgh

Gàir nan tonn a' bualadh tràghad
Farum stàilinn 's cruidh mhac-talla.

Gríosach cogaidh las an turaid
Chuir na smùid e, 's sgrios e bhunait

Le dìth an fhior-uisg' ghèill na seòid
A dh'aindheoin treunad chaidh an leòn

Latha creachaiddh, latha bàis
Chaill na Dùghallaich am Bràist'

*Creach! Leag am mùr, leag am mùr!
Loisg! Las an tìr, las an tìr!
Creach! Leag am mùr, leag am mùr!
Ó buaidh no bàs...*

Bràiste Lath'rna, seun nan Dùgh'llach
'S mòr am beud gun deach a spùineadh

Dh'fhuiling Dùgh'llaich cruadal 's càs
Bhon uair sin gum bu truagh an staid

'Buaidh no Bàs': cath-ghairm nan Dùgh'lach
Thill am Bràist a dh'aindheoin dùbħlain

Mar bu dual mar dh'aithris faidhean.
Chaidh an seud a thilleadh slàn dhaibh

*Creach! Leag am mùr, leag am mùr!
Loisg! Las an tìr, las an tìr!
Creach! Leag am mùr, leag am mùr!
Ó buaidh no bàs...*

Bàrdachd le Iain MacRàth

Sgitheach

Sean bhoireannach na crùb-suidhe
'gabhal fasgadh ann an sgàil an sgithich,
molag na bois 's i 'faireachdainn a maothachd.
A' chraobh ri a cùlaibh a' dìosgail 's ag osnadh,
gach alt air at, gaoth-lùib',
snaidhmt'.

Tha a cuimhne a' fleòdradh san fhathaman:
Tha do ghruaidh cho ùr ri blàth na craoibh;
direachd do chumadh rèidh mar uinnseann;
geurad d' eanchainn mar bhior an sgitheig;
do làmh cho mìn ri molag ùr-nighte.

Thàinig ràithean. Dh' fhalbh iad.
Liath a' chòinneach
air colann na beinge.

Mu dheireadh, thàinig duine,
'gluasad gu slaodach suas an staran.
Sheas e greis, aire air a' chraoibh.
Rinn e suidhe,
a' leigeil le cheann isleachadh.
Dh' fhuirich e greis eile
mus do chrùb e sìos le beagan
spàирн, a' faireachdainn
eadar corrag, ordag, bois
gus an robh e cinnteach.

Le chùl ris an sgitheach
lean a shùil cumadh an uinnsinn.
A' sineadh làmh gu mall os cionn a chinn,
dh' fhairich e thairis fad na gèige,
na sgitheagan a' toirt air fuil ruith
sìos bàin a ghàirdein
mar fhèithean fhèin nan sruth
a-muigh bho chraiginn.

Caochadh cha do nochd dha ghnùis.
Fhuair e lorg air a' bhlàth
is thusg e dha aodann e,
Sgitheag air sgitheig a' sgrìobadh a lethcheann
mus do ghabh e anail.
Bhlais e bileag edar a bhilean,
a' faireachdainn na làmh eile
faothachadh ann am maothachd na molaig.

Hawthorn

The old woman, stoop-seated,
shelters in the shade of the hawthorn,
feeling in her palm the smoothness of a small stone.
The tree behind her creaks and sighs,
wind-bent, swollen-jointed,
twisted.

Her memory sways with the breeze.
Your cheek is fresh as the haw's blossom;
you are straight, slender as the ash;
your mind is sharp as a hawthorn barb;
your hand smooth as a rain-polished pebble.

Seasons arrived, faded.
Mosses greyed on the body
of the bench.

Now a man moves slowly up the path
and stands awhile, regarding the tree.
He sits, allowing gravity
to lower his head.
Thus he remains until with effort
he bends, feels
between finger, thumb, palm til he is sure.

His back to the hawthorn,
his eye follows the shape of the ash trunk.
He reaches his hand slowly above his head,
searching, feeling his way along the branch
until barbs cause the blood to run
down the paleness of his arm as though
his veins streamed outside his skin.

His expression does not alter.
He finds the blossom
and brings it to his face.
Barb after barb tears at his cheek
before he takes breath.
He tastes a petal between his lips,
feeling in his other hand
the smoothness of the pebble.

Sèid

Faodaidh tu sèideadh,
faodaidh tu èigheachd le sgràill is beuc bho do sgraing.
Fad feasgar is oidhch, thu fhathast ri burralaich,
gun ach rà nail, gèire, turramanaich,
a' bagradh le buille is cainnt.

Thig turadh.
Sàmhchair à sàrachadh.

Cha bhi nuairsin ach mi fhèin 's
a' chreag
fhuar, fhliuch aig bun mo chois.
Creag a chaidh sgoltadh o chionn fhada,
fada mus deach neach a chruthachadh,
fada mus deach siol a thogail
is fhàgail
air muin smùirnein dhust.

Sèid thusa. Siuthad.
Thig flin nad chois le sgreuch is sgreud na sgine,
feuchainn gach stiall a reubadh bhuam.
'S ann nas teanna ghreimicheas mi.
Seasaidh mi, ge b' oil leibh uile,
sgrath mo choim gun sgath, gun urram,
gach gath 'gam sgrìobadh, a sgiùrs 'gam lèireadh,
mo mheuran air an ragadh lom.

Ach 's fheàrr, 's fhada 's fheàrr na
na biastan faoin a' raoiceadh seachad,
an sùilean mar ghrèin no gealaich gun rian,
gam dhalladh gach oidhch is latha,
mar a tha iad fheòin dall
eadar am beò is am bàs.
Am boladh loibh 's an cuid phuinsean,
am blas meataitl 'gam thacadh,
sreach de smugaidean searbhadh
a' fagail rùsg ri seargadh.

Cha toir iad aire.
Is ged a thoireadh,
cha thuigeadh iad mi.
Cha tuig mis iad.
Chan iad sileag an fhaothachadh.
Chan iad fas o blàths na grèine,
no 's mothà gaoth le fearg ath-bheothachail.

Sèid thusa. Siuthad.

Blow

You may blow,
you may shout and rail, roar from your scowl.
All evening and night you still cut rough,
nothing but bitter threatening, bellowing,
battering with curses.

Cessation comes.
Quietude from exhaustion.

Then there will be but me
and this rock,
cold, wet at my foot.
A rock which was cleft long ago,
before breath came to the first being,
before seed was lifted
and left
upon specks of dust.

Blow. Go on.
Sleet will follow with the scream and screech of the knife,
keen to strip each cell from me.
The tighter I will grip.
I will stand despite you,
the bark of my being disrespected,
each dart scraping, its scourge tormenting,
my fingers benumbed, bare.

Better that by far than
the foolish beasts roaring past,
their eyes like demented suns, maddened moons
blinding, as they themselves are blind
between breath and death.
Their stench, their poisons,
their metal taste choking,
their line of acid spit
leaving skin to wither.

They pay no heed.
If they did,
they would not understand,
any more than I understand them.
They are not the water of mitigation.
They are not the light of the growth-giving sun,
much less the vivifying rage of the wind.

Blow. Go on.

Iomadh Dàn às an Aon Dàn

Circeabost: An Ceann a Deas 2000 le Dòmhnull MacAmhlaigh

’S e Circeabost: An Ceann a Deas 2000 an dàn as deireannaiche, as fhaide agus, na mo bheachd fhèin, as fheàrr le Dòmhnull MacAmhlaigh (1930 – 2017). Gu deimhinne, ’s e a Chead Deireannach fhèin a th’ ann.

’S e suidheachadh tàrmachadh no cruthachadh Circeabost: An Ceann a Deas 2000, car mar a bha obair nam bàrd Gàidhealach riamh agus filidhean nan aislingean nam measg, an oidhche. ’S e suidheachadh a’ chuspair ‘eilean lom mara’. ’S e an *dramatis personae*, mar gum biodh, ‘muinntir mo chadail’ mar a th’ aig MacAmhlaigh orra san dàn *Dàmh*. Thuit e mu na daoine sin:

‘Dheighinn-sa air ais a Bheàrnaraigh ged nach biodh ann ach an talamh ’s na creagan ’s na clachan ’s am muir ’s na rudan sin ... ’s e ... an rud as deatamaiche, as cumhachdaiche tha ga mo tharraing gu Beàrnaraigh ... chan e idir direach an talamh fhèin idir ach na daoine ... ’s e mo dhaoine-sa th’ anna – ’s e sin an rud ... tha còmhradh deatamach dhaibh ... dh’ionnsaich mi ... cho deatamach ’s a tha cainnt’.

Tha a’ bhàidh ’s an dàmh air a bheil MacAmhlaigh a-mach gu sònraichte làidir ann an dàin mar *An t-Sean-bhean, Mar Chuimhneachan air Mo Sheanair, Crìonadh, Frionas, Suaicheantas, Soraidh* agus an leithid agus tha an saoghal sin ga nochdadh leis san dàn *Ceartaigh*:

Eilean a bh’ ann
a thadhlaist’ le saor-mheas
far nach biodh rùin do-choiloint’;
an solas caoimhneil
air Ceartaigh
’s an ruths aoibhneach fo aiteal.

Ionad làithean samhraidh
aig balach, a’ cur ealain na leum,
fearann nan iliomad danns’
eadar canach, dreathan-donn’s teillean-dè;

dorsan fosgait’ air talamh iongnaidh
fhuamhairean is ghaisgich ’s dhaoine-sidh
ceann thall nam frith-rathad saoghal diomhair
nan rabaidean ’s nan cearcan-fraoch:
tir far an robh a’ mhac-mheanmhain
ann an tasgadh chnoc is òs
lagan còmhnaidh Ariel’s Caliban
Taigh an Talla ’s am Port Càm ’s a Chreag Mhòr.

Eilean a-nochd
a dh’èireas san trom-laigne ...

Cuideachd, chìtheart brìgh an eilein ‘don allmhach an comhair na bliadhna’ ann an *Comharra-stiùiridh*:

... chan e siud m’ eilean-s’;
chaidh esan fodha o chionn fhada,
a’ chuid mhòr dheth,
fo dheireas is ainmeart;

’s na chaidh fodha annam fhìn dheth,
na ghrianan ’s cnoc-eighe
tha e a seòladh na mara anns am bi mi
na phriomh chomharr’-stiùiridh
cunnartach, do-sheachaint’, gun fhaothachadh.

Ann an Circeabost: An Ceann a Deas 2000, tha am bàrd a-mach air turas aoibhneach a thàinig thuige nuair a bha ‘bloighean de dh’iomairt na h-oidhche/tighinn gu m’ inntinn’.

Circeabost: An Ceann a Deas 2000

Shiubhail mi a-raoir às mo chadal
eadar Rubha Taigh Phàil is A’ Charadh
is shaothraich mi an t-sligte-mhara
air ais mu ghob an Rubha Chaoil,
a’ ruith o ghaoth is ruth carach,
le dìosail air acainn,
dà cheann anns an t-seòl;
ràmh ri taobh an fhasgaidh
a’ fannadh a-steach gu caladh
air A’ Phort Mhòr ...

Is choisich mi an t-suan-shlige eadar
A’ Ghàmhach is Creag a’ Bhainne;
lean blas an fhìor-uisg’ air mo theanga
san dìreadh chas bho bhun an uillte;
tarsainn air làrach nam muilnean,
air athadach nan taighean –
Tobhta Chaluim Fìdhleir’s Tobhta a’ Bhàird
an tasgaidh Chnoc a’ Charmaig –
seachad air athadach nan leanan,
air Iodhlainn Chruinn na h-Àthadh,
suas gu ruige an t-òs.

’S a-mach air uachdar Loch Mharcoil,
am fasgadh Cnoc a’ Chàrnain ’s a’ Chnuic Mhòir,
a’ chuimhne le ceum-neog a’ sgaoileadh
a h-àl de clearcaill fhabhach,
a’ turracail seòlaid na h-eala ’s na faoileig
’s a’ togail saoghal nan crannlach
is gobha-dubh an uisge mu bhòrd ...

’S a-null air gàrradh na Buaile Ruaidhe,
suas ris a’ ghàrradh-cùile chun na cachaileith
’s an crodh a’ tional le ruathar
ag eigeachd duan an eadraidh,
a’ dian-phutadh a chèile gu crò;
’s eadar thu ’s leus an fheasgair
an anal ag èirigh na neul ...
’s a’ sioladh na sgleò ...

An-diugh a’ cromadh à mullach Thotarail,
talagh eòlais fo mo chasan,
bloighean de dh’iomairt na h-oidhche
tighinn gu m’ inntinn,
chì mi iathadh a’ bhaile:
Leathad na Caltanach ’s an Leas Íosal,
An Creag Ruadh is Sàil a’ Chreagain,
sios an Leathad Mòr gu làrach na h-eaglais
a thog sean-seanair mo sheanar,
’s a-nall chun na Ceàrdaich
far na shaothraich a shean-seanair eile
an dà dhùn luathadh tha am follais
fhathast an dèidh dà cheud bliadhna –

a’ filleadh an ama dh’halbh am broinn mo bheatha.
’S ag èisteachd ri agallamh mo dhaoine
’s a’ ghlòir na mo chluais ’s na mo chridhe,
cha bu dligheach dhomh àicheadh
gu bheil mo dhàimh ris an dùthaich-s’
(a dheilbh dhomh m’ fleist is mo shaorsa)
cho dlùth ris a’ bhàirnich air a’ charragh,
ris a’ bhuidhean air na clachan;
mo fhreumh an sàs cho righinn
na h-ùir ris an lus-con-chulainn,
ri bun a’ charra-meille;
cho glèidhete na liosan nearbach
ri lus-na-fraig’ is ris an ailéann;
(’s a dh’aindeoin aomadh is tearbadh)
cho gnàthach na còmhach
ris a’ chearanban, ’s ris an t-seòbhrach ...

Iongantach is ged a tha seo mar
bhàrdachd Ghàidhlig le MacAmhlaigh,
chan eil mòran a tha na annas ùr na
lùib mar chuspair fhèin, a’ sealltainn air
a shaothair anns an fharsaingeachd. San
dàn, mar eisimpleir, *Do Mhacsim Goirci – Dùn Èideann, 1959* (agus a’ bhliadhna air
a comharrachadh na chuídeachadh don
leughadair, rud nach eil cho cumanta sa
bhàrdachd aige), tha:

Thàinig boladh à cip-thionntaidh
mo ghoirtein bhrèin
eadar garaids is sràid,
gam thilgeil car a’ mhuithein
còrr is fichead bliadhna’
an comhair cùile tìm –
gu frith-rathad an clais
feannag fhochainn is bhuntà’;
sealbhag mu m’ iosgaidean, fluch;
is brisgean-airgid is òir liomht’
(na mo bhalach)
cho buidhe ris an ìm;
a’ chiad uisg’
an dèidh tiormachd Màigh’;
mi a’ dol do thobar nach do thràigh
a-riamh
a dh’aindeoin crannaidh:
anns na dh’han am bùrn milis,
ged a bha i fo thiùrr an làin
’s an làdach thar a bilean.

A’ sealltainn air dàn Chirceaboist, ge-tà,
saoilidh mi gu bheil sanas againn air cho
toinnte agus a tha na faireachdainean a
tha gan nochdadh ann ri thoirt fa-near
bhon tùs leis a’ chleachdadh fharsaing ud
shiubhail a chuireas an cèill san aon àm
taisteal, lorg agus bàs. Tha gnothaichean
a’ fas car suigeartach na dhèidh sin agus
chuireadh sin agus an ruitheam – no am
faram mar a chanadh MacAmhlaigh fhèin,
mar ann am ‘faram a’ ghràin a’ tuiteam air
an fheannaig’ san dàn *Am Foghar, 1958*,
‘thog na cinn għiliqgħ am faram’ ann an
An tì a leagas callaid, teumaidh nathair e ...
agus ‘siùblach d’ fħonn agus d’ fharam’
ann an A’ *Cuimhneachadh air Iain Mac a’ Ghobhainn* gun tighinn air an iomradh air
‘faram seòlta’ aige ann an *Nua-Bhàrdachd*

Għàidhlig – òrain air chuimhne. Tha e
inntinneach a thaobh seo gu bheil am
facal seo ‘faram’ a’ bualadh, mar as trice,
air fuaim seach air gluasad (mar ann an
‘faram nan stuagh air a thràighibb’ ann an
S’Ann Fada Bho Thuath le Niall a’ Ghobha
à Solas). Agus tha dàin le MacAmhlaigh
leithid *Aimsir a’ Bhaile* agus *Earrach* a’
leigeil fhaicinn gun robh liut is alt aige
air a bhith a’ dèanamh bàrdachd air nòs
nan òran e fhèin.

Aimsir a’ bhaile-sa
farast’ a’ dhearbadh

(madainn no feasgar
earach no geomhradh)

chaidh an ratreut
air a ghaisgeachd chalma

deireadh an fhoghair
is toiseach a’ għemhrajd ...

Tha e air aithris gun tug Somhairle
MacGill-Eain ‘chopped-up prose’ air
bàrdachd Dhòmhnaill MhicAmhlaigh.
Nach b’ e a bh’ air a mhealladh. Chan eil
faram, air a bheil tarrain gu h-àrd, no
comhardadh gann ann an dà Chirceaboist
– ‘mo chadal/a’ Charadh/sligte-mhara/
carach/taobh an fhasgaidh/caladh’,
‘uachdar/ruathar’, ‘nearbach/tearbadh’,
gu ruige dùnadh/epinalepsis de
‘còmhach/sòbhrach’, etc. Gabhaidh seo
leudachadh agus sealltainn air an dòigh
sam bi comhardadh a’ nochdad tric
gu leòr ann an saothair MhicAmhlaigh.
Cha leig thu leas ach sealltainn air na
dàin a leanas gus an ìre nach beag de
chomhardadh a tha san t-saothair a thoirt
fa-near: *Foghar, 1953; Faustus; Soisgeul 1955; Eadar an Caol is Inbhir Nis; ... Iomharraing an nì a tha doirbh ...; Do Luchd nan Duan-atharras; Do Fhearsgħiobhaidh Ainmeil; Suaicheantas; Ceangal; Comharra-stiùiridh; Frionas; Sealladh agus Iasgħach; Uinneagan; Teine is Fiosrachadh; Ceumann; Latha-féille; Am Foghar, 1958; An tì a leagas callaid, teumaidh nathair e ...; Leigeil Ås; Suaicheantas Tim; Tuar na Nollag; Diluain na Càisge; Iain am Measg nan Reultan; Fear-naidheachd; Chan Eil Ann Cho Seòlta ris an Fhogħar; Bäs mo Mhàtar agus Fògradh. Seo mar eisimpleir
air thuairmse às an dàn Do Fhearsgħiobhaidh Ainmeil:*

Bha na leacan dubha sleamhain;
cò a ghleidheadh a chasan
ach fear eòlach air leantainn
sūghadha na tide-mhara?
– is bha s bha e gun teagħim elant’
air lorg meidh a bhonnan
air binnean gach Carragh ...

Tha uaithe no acain ga cleachdadh anns an duan *Earrach*:

Tha an t-earrach ann an-diugh 's gur gorm a lorgan air feadh an adhair

tha na craobhan dubha, fuar,
fo bhuaireadh aig gaoithean tana –

's tha sùil gum bi leum-chrann fo chòric
's gum bi 'n t-seòbhrach anns a' phalladh ...

Thug Ruairidh MacThòmais soilleireachadh eile air a' chùis seo san aiste *Scottish Gaelic Poetry: A Many-Faceted Tradition*:

... in 'Rabhd Eudòchais' (*Sèòbhrach às a' Chloich*, p. 11), Donald MacAulay in a twelve-line poem has three sets of end-rhymes, one on svarabhakti words (sgeilmear; dealbhach; bailbhe), one on long diphthongs (daonna; caoineadh; roghnaich) and one on short disyllables (mara; rabhaidh; earraich). I dare say some traditional readers of Gaelic verse would assert that this is an unrhymed poem.

Tha seo uile dùthchasach gu leòr. Rud nach eil 's e cleachdadh *ghazal* mar rian san dàin *Tòimhseachan* (air an robh an t-ainm *Dùthchas is Coigrich* anns a' chruinneachadh *Sèòbhrach às a' Chloich*):

... Am foghar ud nach robh ùbhlan air na craobhan/a bhuaineadh fear le sùilean no gun shùilean/thill mi dhachaigh,/a' chiad uair, gun tilleadh gu mo dhachaigh;/aig an àm sin chuir mi umhail air mo radharc/gun robh failte romham mar flear-tadhail/'s nach robh an dàimh/na bu lugha ann an sùilean mo luchd-dàimh;

gun ghlèidh mi mion-eòlas air an fhearann/'s ged a dhèanadh mo chasan an t-slige gun mhearrachd/nach robh lorg,/air talamh bog no frith-rathad, air mo lorg ...

Le bhith a' cleachdadh *saothraich* mar ghnìomhair gus turas-cuain a chur an cèill, thathar a' toirt air an leughadair beachd a ghabhail air saothair no obair a' bhàird, no nam bàrd fhèin ma thogras tu. Ann am faclair MhicAmhlaigh tha seo car cudromach mar a tha ri fhaicinn san dàin *Aineolas*:

Tha thus' air do ghabhail a-steach annam
mar gach nì dearbht' eile tha agam –
agus 's e a their iad
gun tig thu eadar mi agus saothair.

Tha facal eile 'saothair' ann gun teagamh, a' tighinn bho *saobh-thìr* dham brìgh an tìr a nochdar aig isle-mhara eadar eilean tioram agus tìr-mòr. Tha e air ais ma-thà 'mu ghob an Rubha Chaoil' na sgàl-creige den flear-shiubhail 'a thèid air fuaradh air gob an rubha' ann an *Tòimhseachan* agus cuideachd na ionradh (leis an fhacal gob) air cainnt is conaltradh. Tha e an uair sin 'a' fannadh a-steach gu caladh/air a' Phort Mhòr' mar gum b' ann a' dlùthachadh ri deireadh a bheatha gu fann. Agus tha seo a' cur air chiuimhne mar a chaidh 'an t-eilean às an t-sealladh/

mar a shiùbhlas am bàta' agus 'uinneagan a' fannadh' ann an *Comharr-a-stiùridh*.

Seach a bhith a' siubhal na slighe-mara an uair sin, tha am bàrd a' coiseachd anns 'an t-suan-shlighe', mar a bha ann an *Uinneagan* nuair a choisich e 'oidhch' air sràid/m' aigne làn de fhilidheachd'. Direach mar a bha e uair ann an Ceartaigh le 'saorsa bhalach' ... 'ann an tasgadh chnoc is òs', seo e, na bhodach – mar a tha an t-iomradh air 2000 a' cur an cèill – 'an tasgaidh Cnoc a' Charraig' agus na dhèidh sin mar sgàl-freagairt a-rithist, 'an tasgadh Cnoc a' Chàrnain 's a' Chnuic Mhòir'. Tha an tarraing air na h-ainmean seo direach mar mhìr beag de dhinnseanchas an dàin agus ann an iomadh dàin eile le MacAmhlaigh. Chan eil lorg mhic an duine gann am measg nan ainmean seo a bharrachd. Seach dinnseanchas, tha mar gum b' eadh daonseanchas a' buntainn ris na h-ainmean Rubha Taigh Phàil, Tobhta Chaluim Fidhleir is Tobhta a' Bhàird agus tha bàrdachd orra nan dòigh fhèin a rèir sin.

Tha na leasan (a tha nan comharradh-crìche) san àite dìreach 'cearbach' agus nan 'athadach' agus nan sgàl-freagairt air an leas a thog a shean-seanair ann an *Suaicheantas Tìm* far a bheil:

... uinnsean gun gleidheadh leis,
's ag iathadh nam feannagan glas
suaicheantas tim na ràthan.

Agus a-rithist ann an *Air Tràigh Bhòstaigh*:

Air mo chùlaibh tha leas;
fo thuim ghlasa, suainte
às a' ghrèin
tha na daoine nan eachdraidh.

An dèidh sin, ge-tà, tha dòn is fasgadh rim faighinn ann an leas cuideachd mar a tha ann am *Mar Chuimhneachan air Mo Sheanair*:

... ann am baile mo chàraidh,
ged nach sir mi a réite
's ged as borb leam an t-sràid gu ceann-caol
tha leas ann ghlèidheas mo chraobhan
's mo ghineal fo bhlàth ...

Tha cuimhne a' sgaoileadh na cearcall, rud a chuireas crìoch an turais an cèill, agus a chuireas feum air falach a tha cudromach a rèir choltais san rian seo gu leir mar ann an leithid *Feitheamh Fhàs*:

Bha an linne mar sgàthan
's bha thus' an geall
air a' chnò a thuiteadh
le mile cuairteag san uisge
le mile cearcall nad shàmhchair.

Rèiteach a' Chòmhraidh:

... chuir na naoimh orra clearcaill òrail –
's chaidh an còmhradh troimh-a-chèile ...

agus *Suaicheantas*:

O bòidhchead blàthan na claise,
's am fas tha tro a clearcaill dheòireach;
a shuaicheantas glèidhete ann am maise

eala-bhith is neòinean.

Tha blàthan na claise agus àiteachan eile a' tighinn am bàrr tric gu leòr san t-saothair seo, agus tha iad a' cur chan ann a-mhàin ri cumhachd nan iomhaighean ach cuideachd ri saidhbhreas na cainnte fhèin. San dàin *Mar Chuimhneachan air Iain Mac a' Ghobhainn*, mar eisimpleir, tha tarraing air:

... aodainn a' fosgladh
air raon nam blàth
air ûrlar a' bhrisgein
's na cairt-làir
's a' bheàrnan-Bhrìghde bhuidhe ...

Tha cuimhne cuideachd 'a' turracail seòlaid na h-eala', rud a chuireas an cuimhne stri a' bhàird ann am *Prìosan*:

... ri uinneag
fhosgladh:
a' stri gu ruighinn air mo sheòlaid.

Tha an turas a' dol air adhart an uair sin 'a-null air gàrradh na Buaile Ruaidhe,/ suas ris a' ghàrradh-cùile chun na cachailleith' far a bheilear a' briseadh bheàrnán (saoilidh mi) seach am bodach ann an *Crìonadh*:

... choisich thu an dubhar cràbhaidh;
thug thu gàrradh
mu do ghrian.

no a' chailleach ann an *An t-Sean-bhean*:

Choisich thu crotach
le do bhata
sìos ris a' ghàrradh ...

Mar cheangal eadar eilean is ealain, tha an crodh ann 'ag èigheachd duan an eadraidh,/a' dian-phutadh a chèile gu crò'. 'S e comharradh-crìche eile a tha sa chrò no rud air iathadh mar a tha 'crò mo spèise' ann an *Uinneagan* agus 'crò m' eachdraidh' ann an *Leasachadh*. Tha 'leus an fheasgair' ann na chrioch cuideachd, a chuireas rudan am follais is am falach le chèile mar ann an dàin mar chiuimhneachan air Iain Mac a' Ghobhainn:

Eadar mi 's leus
chì mi do dhannsa
ri gaoir na gaoith' is na mara
thall air bruaichean a' chladaich
am measg nam badan feòir
anns a' phunnd eascain
air an droigheann-làir
anns a' mhuran gheur-lannach ...

('S e tha mi a' ciallachadh le crìoch gun teagamh dùthchaich, dealachadh agus deireadh, rudan a tha a' nochdadhu gu iùre air choreigin san dàin seo.)

Tha e a' cumail air, agus an coltas air nach ann dìreach air 'suan-shlighe' a tha e ach air 'mullach Thotarail' a-nis 'a-nall am frith-rathad chun na Ceàrdaich', rud a bheir air ais gu *Foghar*, 1953 fhèin sinn agus

... roinn a thug mi leam
cuimhn' air na gucagan bàidh
aithn' air gach frith-rathad ceum-mhion ...

agus, mar a chunnai sinn, gu Ceartaigh agus gu meòrachadh mun dùthchas na choigreach ann an Dùn Èideann.

Tha an gluasad bho shuidheachadh gu meòrachadh mar a th' againn nuair a tha am bàrd 'ag èisteachd ri agallamh mo dhaoine' san àite 'far na shaothraich' a chuideachd fhèin, air an aon rèir ri mòran de na dàin le MacAmhlaigh, fiù 's ged a bhiodh feadhainn dhiubh a' tighinn gu crìch le ceann-teagaisg no teachdaireachd nach eil daonna tarraingeach leithid 'Gun teagamh/tha ar siobhaltas neònach' ann an *Latha Fhèill Pàdraig*, 1974 no 'Tha sinn ag altramas misg thuathal' ann an *Cha Dèan an Sean Rian a' Chùis*.

Seo am bàrd a-mach a-nis air a chridhe fhèin, seach an cridhe mar rud beachdail mar 'an cridhe ag atharrais air an deannal' ann an *Tha Gaoir na mo Cheann* agus 'an cridhe dol mun cuairt gu mion' ann am *Prìosan*. Tha e cuideachd a-mach air saorsa, math dh'fhaodte ann an dà bheachd, oir tha i ceangailte ri feist ach tha i cuideachd a' daingneachadh na th' aige de dhàimh ri thalamh eòlais, seach 'saorsa/fhuadan nach tuig mi' (*Fèin-flìreantachd*) no 'fear de mo shinnsear ... an co-shnaidhm ri saorsa' (*Leasachadh*) no a-rithist an t-saorsa 'gun ghuth air a-màireach/no air ceann – no cridhe – goirt' ann an *Tha gaoir na mo cheann*. 'S ann a tha e cuideachd a-mach air a fhreumh fhèin seach 'do fhreumhan' ann an *Leigeil Às* agus ann an *A' Chraobh*, an

... duine ga altachadh fhèin
a' ruighinn chun an t-solais,
's a fhreumhaichean air fabhd
ann an uamha dhoirbh eachdraidh ...

Tha an dàin a' tighinn gu crìch le iomhaighean a tha coimheach dùthchasach agus nan eisimpleirean barraichte de shaidhbhreas na Gàidhlig agus nan daingneachadh tarraingeach air na faireachdainnean domhainn bunaiteach a thathar a' nochdadhu. Tha iomhaighean eile ann aig an deireadh an uair sin air a bheilear eòlach agus gu math eòlach. Chaidh ionradh a thoirt air a' chearan anns a' chiuimhneachan air Mac a' Ghobhainn:

... aodainn a' tighinn beò a dhanns'
ris a' chearan 's ris a' chanach
ri gille-gorm na goiceil
ri sithean bàn-dhearg na mara ...

agus tha sinn air ais air a' cheann thall far a bheil dhàimh 'cho righinn ... ris an t-seòbhraich ...' (gun dùnadh). Tha seo gar toirt air ais gu na 'lann-bhilean seòbhraich' (*Bha na làithean ud luaineach*); caidreamh seòbhrach-bhileach (*Ròs is Dris*); an t-seòbhrach anns a' phalladh (*Earrach*) agus ceann-fàth bàrdachd MhicAmhlaigh (ann an seagh) 'gun tig blàth às na clachan' (*Mar Chuimhneachan air Mo Sheanair*).

Tha am bàrd (no an dàin, no nas fheàrr buileach, an guth, facal a tha a' ciallachadh

a rèir facclair Dwelly, glòr is bàrd le chèile) air ceann-uidhe air a bheil agus anns a bheil e gu math eòlach a ruiginn agus tha seo dìreach a' daingneachadh na cùise. Mar a bh' aige o chionn fhada aig deireadh *Soraidh* (facal cumhachdach):

... 's doirbh cur an cèill,
gun neo-choaine
g' eil am baile
ri sior dhol an cumhainge
mar a leudaicheas saoghal
's nach ann ormsa
a-mhàin
thàinig tionndadh –

's gu h-àraid
is doirbh cur an còmhradh
ged a tha 'n tionndadh do-choisgite
nach lùghdaich an cor sin
mo bhàidh.

agus a-rithist ann am *Mar Chuimhneachan air Mo Sheanair*:

...'s am baile mo thogail,
an àm seirbh agus crìonaidh,
's na fion-leasan bàn
a chaidh seachad air feirg dhomh,
cha shaoil mi do-dhèanta –
fo bhreacadh grian fàis
gun tig blàth às na clachan.

Chan eil mi ag ràdh air a' cheann thall,
leis na th' ann de chianalas, de cheòl is de
chomhardadh, de chainnt dhùthchasach
(*athadach*, can) nach eil cho *gnomic* (mar
a thuirt Iain Mac a' Ghobhainn) no
mandarin (mar a thuirt Iain MacAonghais),
de chleachdaidhean sònraichte a tha mar
chomharrachadh air direach a' ghuth
aige fhìn (san t-seagh seo, *saothraich*,
fannadh, *seòlaid*, *iomairt*, *iathadh*, *dligheach*,
deilbh, *tearbadh*, *gnàthach* agus an leithid),
de chruth na tire, de shluagh agus de
shaoghal nan luibh is nan lus nach gabh
an dàn seo (agus caob math eile de
shaothair Dhòmhnaill MhicAmhlaigh)
leughadh mar eisimpleirean barraichte

de bhàrdachd-baile. Seadh, tha
MacAmhlaigh na bhàrd-baile, bho bhaile
a leanabachd gu baile a thogail gu baile a
chàraig, mar gun cante, agus a' nochdad
rudan air an tug e tarraing a rèir seo ann
an *Nua-Bhàrdachd Ghàidhlig*: sgìreileas,
linn an òir, an eisimeil a dhùthchais,
sgaoileadh eadar e fhèin agus eilean àraich,
dilseachd sgìreil, an t-sinnsearachd air a
h-ainmeachadh agus air a suidheachadh
an àite àraidh. Agus cò eile, gu deimhinne
dhut, am measg nam bàrd againn gu lèir
nach eil na bhàrd-baile cuideachd, gu ire
air choreigin, an ainm an àigh? ■

B'E LATHA àbhaisteach a bh' ann, an toiseach. Bha mi air an t-slige a-staigh dhan oilthigh nuair a thuit rudeigin às an speur! Airson greiseag bha mi a' faireachdaiann coltach ri 'Cearc Bheag', a bha gòrach leis an eagal gun robh an t-adhar a' tuiteam. Bha coltas gun robh pìos gorm soilleir den adhar na laighe air an rathad. Ach, an ceann beagan ùine, chunnaic mi nach b' e ach sgàthan a bh' ann, anns an robh faileas an adhair a' nochdad.

Bha i na h-annas ge-tà – an sgàthan cho glan is gleansach, mar gum biodh e direach air a liomhachadh. Cha robh sgeul air cnac, ged a bhual e an rathad gu cruaidh. Chaidh mi na b' fhaisge air, gu slaodach, agus chrom mi sios. A rèir coltais, b' e sgàthan àbhaisteach a bh' ann. Chunnaic mi m' aodann fhèin, aig

ceàrn neo-mhaiteach. Thàinig gile air m' aodann. Chuir mi sios mo làmh a dh'ionnsaigh an sgàthain, agus thog mi an àird e. Sheas mi, agus theab mi tuiteam. Gu h-obann, bha an sgàthan a' gluasad mar thonn na mara, mar gum deigheadh e na lùb buaireasach, air a chrochadh san adhar. Bha mi ann an teabadaich, ach mu dheireadh thall, chuir mi mo chorrag air an sgàthan–agus chuir sin gaoir trom feòil. Dh'fhaich mi seoc –coltach ri

seoc dealain, ach fuar, cho fuar gun do dh'fhaich mi nach bithinn blàth gu bràth tuilleadh. Dh'fheuch mi mo làmh a tharraing air ais, ach bha e steigte. Bha mo chridhe na shlugan.

Nuair a sheall mi suas, bha an sgàthan a' fas na bu mhòtha 's na bu mhòtha, agus cha b' urrainn dhomh càil a dhèanamh ach feitheamh ris an sgàthan a bha gam shlugadh suas. Dh'fhanach mi, agus nuair a dhùisg mi, smaoinich mi gun

robh mi a' call mo fhradhairc. Thàinig e thugam gun robh a h-uile càil ann an dubh is geal. Thug mi suil mun cuairt, air an àrainneachd fhàsach. Cha chuala mi biòg. Cha robh ach sàmhchair ann – gun chreutair beò anns an dòlas àite seo ach mise.

Dh'èigh mi ris an fhalamhachd, 'Na bi gam phiobrachadh! Dè tha thu ag iarraidh?' Cha tàinig freagairt, ach mhòthaich mi leabhar-nòtaichean na laighe far an robh an sgàthan roimhe. Thog mi e gu luath. Leugh mi na bha sgrìobhte air, agus thàinig fuar-fallas orm gu grad: 'nòta-bàis'. Air dòigh air choireigin, bha fios agam air na bh' agam ri dhèanamh. Leig mi osna agus thog mi orm, a dh'ionnsaigh na beinne air fàire. B' ann dhomh fhìn a bha mo shaoghal, ach b' e saoghal trom-laighean a bh' ann. ■

An Sgàthan - Pàirt 1

RHIANNON LEDWELL



Bàrdachd Thraidiseanta

An turas seo tha Maighread Stiùbhart, à Leòdhas, a' toirt shùil gheur air cùisean anns na Stàitean is san Ugràin, agus Liam Alastair Crouse, às an Eilean Fada ann an Stàit Eabhraig Nuaidh, a' cumail beagan aotramachd rinn, aig cridhe coimhersnachd Uibhist a Deas.



Ditheanan Uibhisrt - Ciorstàidh Ruadh NicLeòid

Laoïdh an Amadain Mhòir

MAIGHREAD STIÙBHART

Às dèidh mar a thachair don Cheann Suidhe,
Volodymyr Oleksandrovych Zelensky,
anns an Taigh Gheal, Washington DC,
air Seachdain na Gàidhlig, a' chìad là den Mhàirt, 2025

Là do bhi *An t-Amadan Mòr*¹,
An seòmar ughach an taigh-ghil',
Chunnacas a' tighinn an curaiddh òg,
Chùm tràchdadh casg air ionnsaigh Ruis'.

Seach tairgsinn mòr chobhair dò,
An t-amadan, don laoch òg, thuirt,
"Càit' a bheil do dheis, ghrinn, ùr
Gus nochdadh urram, dhòmhhs', an seo?"

Fhreagair sin an t-òglach tapaidh,
"S neònach leam do bhritharan faoin,
Cleachdaidh mis', gu deònach, culaidh,
Nuar a bhios mo dhùthaich saor".

Sin labhair, le guth àrd, *Am Pluicean*²,
'S dh'fhaighneachd e don churaiddh òg
"Don Amadan, an tug thu taing,
Neo buidheachas a shealltann dò"?

"Bhuamsa fhuair sibh taing is spéis,
Ach! ri mo ghlaodh cha d' thug sibh èist,
Ged 's math ur n-airgead is ur n-òr,
B' e sith, ceann uidhe 's fath mo lò".

Bàs

LIAM ALASTAIR CROUSE

"A bheil sin goirt?"
Dh'fhaighnich an dotair,
's e stobadh prìnn intne.
"Thà!"
"Hmm..."
's e ga chnuasachadh fhèin;
"Tha sin inntinneach.
Inntinneach.
Gabhaidh mi nòta air a' sin,"
's e ga ràdh gu socair ris fhèin.
"Agus dè ma dh'fhosglas mi sin?"
esan le lanns na lot.
"Thà!"
"Hmm," 's e ga shaoilsinn fhèin,
"Tha sin dha-rìreabh inntinneach.
Sgrìobhaidh mi sìos sin."
Choiheadh an t-euslainteach
dòrainneach doilgheasach,
cràdh na feadh,
air an dotair.
"Agus gu dè an leighis a mholadh tu?"
"Leighis? Leighis!
Nach eil fhios –
tha leighis air gach càs,
ach chan eil leighis air a' bhàs."

1 An t-Amadan Mòr - Dòmhnall Iain Trump

2 Am Pluicean - Seumas Dàibhidh Vance

Shelg yn Dreean

Annie Kissack RBV

IN MARCH 2025, at a special ceremony held in Douglas, the Manx capital, the poet Annie Kissack was named Reih Bleeaney Vanannan for 2025. With its initials tacked onto the awardee's name, if they so choose – much like the MBE or OBE – the RBV is the highest cultural honour in the island nation. Also known as Manannan's Choice of the Year it is awarded by Culture Vannin, and deliberated by a panel of representatives from Yn Cheshaght Ghailkagh, Yn Chruinnaght, Manx National Heritage, IoM Arts Council and Culture Vannin itself. Kissack receives the RBV in recognition of her lifelong contribution to arts, culture and education – with the Manx Gaelic language remaining at the heart of her activities. Following in the footsteps of female champions Sophia Morrison, Josephine Kermode and Mona Douglas, Kissack has been a contemporary

force behind the revitalisation of Manx language and culture through the late-twentieth and twenty-first centuries, with focus on traditional and original song, music and choral arranging, poetry, literature and folklore.

Kissack earned an MA in Manx Studies at the University of Liverpool's Centre for Manx Studies and her interest in Manx Gaelic was nurtured by her teacher at Onchan School, Leslie Quilliam RBV – something encouraged by her parents, who were also adult learners and long-term supporters of the language. Kissack first encountered revivalist and cultural ambassador Mona Douglas as part of the Manx youth movement, Aeglagh Vannin, in the 1960s. There, she developed a love of performance through concerts, plays and competitions, including annual festival Yn Chruinnaght, of which she went on to become a president in adult

life. A renowned singer and musician, she has regularly represented Man at inter-Celtic festivals something which began for her as a teenager and continues to this day. At home, she has been an integral part of the Perree Bane dance group and Caarjyn Cooidjagh Manx Gaelic choir, and as a multi-instrumentalist she is also a member of the Arthur Caley Giant Band.

Widely lauded for her musical arrangements and poetry around the world, in 2001, she was the recipient of the inaugural award for artistic merit from the Daaue-Scoill in Northern Ireland, and in 2013 her songs and arrangements brought success for Caarjyn Cooidjagh, at the Pan-Celtic Festival. She has been described as "a vital force in not only preserving and promoting, but also creatively developing the Isle of Man's rich tapestry of cultural heritage", by Manx cultural body Culture Vannin.

A teacher by profession, Kissack's adult life has been spent educating through the Gaelic medium at Bunscoill Ghaelgagh. There and via other ventures, she has supported some of the next generation's key exponents of the Manx language

including academic and writer Custal y Lewin, singer Ruth Keggan and musician Isla Callister. As young parents living in Cregneash, Kissack and husband Phil Gawne ensured that the Manx language was passed intergenerationally onto their children. They both had a key role in establishing Manx language provision for early years – namely Yn Chied Chesmad playgroup and Mooinjer Veggey, later a pre-school initiative. Early successes led to the establishment of Bunscoill Ghaelgagh in 2001, buoyed by nascent demand for Manx-language primary education.

In later life, Kissack went on to be recognised as a poet, actor and playwright. Crowned the fifth Manx Bard in 2018, she published her first collection, *Mona Sings* (Culture Vannin) in 2022, having featured in various international anthologies. Her poems describe the Isle of Man's landscape, people and the sense of place, and this is also reflected in her plays, such as *In-Between Times*. Here we share two key works – one published, the other unpublished – translated into Gaelic for the first time by *Northwords Now* Gaelic Editor, Marcos Mac an Tuairneir. ■

Y Vooa Ghoo

Mee-houney, grouw fo scaddoo.
S'coan va mee fakin my raad
gys ren scell greiney, gyere as shleiy,
slissey doarlish trooid yn chay
as hass mee, blakey.

Er-gerrey da'n raad
va booa ghoo ny shassoo
er mullagh carn cloaie,
goit dy glen ayns goull jcean bwee.
Hrog ee e kione mooar eairkagh,
trome lesh cooinaght yn chelloo
as cooinaght yn thalloo caghlaa.

Ben-rein y vein.
As ny lomarcan.
Son lhied y leagh shoh
nagh row reeriaghtyn beg
sthampit stiagh 'sy laagh?

An Fheannag Dhubbh

Eadar-theangachadh le Marcos Mac an Tuairneir

An t-Samhain, gruamach fo sgàil.
'S gann gun robh mi 'faicinn an rathaid romham
gus an d'rinn gath grèine, cho geur ri sleagh,
sliseadh sgolt tron cheò
is sheas mi sgeannach ann.

Faisg air an rathad
bha feannag dhubbh na sheasamh
air mullach càrn cloiche,
glan ghlaicte sa bheum-sholais bhuidhe.
Thog i a ceann mòr adharcach,
trom le cuimhne an trèid
is cuimhne caochladh na talmhainn.

Banrigh na beinne.
Agus uaigneach.
Son leithid duais seo
nach deach rioghachdan beaga
a stampadh sa chlàbar.



Foast Shelg yn Dreean

Higgym er creau,
arrym y chur da red feer veg:
red marroo, imlee, foddey follit
ayns fillaghyn as fo brat hibbin.
Quoi t'ayn dy eyrt ort
agh mish, as higgym.
Higgym gyn claghyn trome as slattagyn,
higgym gyn yllagh mooar, gyn bratteeyn.
Higgym my lomarcan as ta'n laue aym foast
feany foshlit da'n speyr.
Etlee, ghrean veg, bee seyr!

Sealg an Dreathain Fhathast

Eadar-theangachadh le Marcos Mac an Tuairneir

Thig mi air chrith,
gus aithnne a thoirt air rud fior bheag;
rud marbh, biòdach, fad-falaichte'
anns na figheachain is fo bhrat eidhne.
Cò nì do leantainn
ach mise, is thig mi.
Thig mi gun chlachan troma is slatagan,
thig mi gun ghairm mhòr, gun bhrataichean.
Thig mi nam aonar is mo làmh fhathast
rèidh fosgalte ron speur.
Éirich, a dhreathain bhig, bi saor!

The St Stephen's Day tradition of Hunting the Wren is still carried out, albeit with no cruelty involved these days. It is celebrated with a colourful wren pole anda lively song and dance to shake off the Christmas Day grogginess. In the story of 'Tehi Tegi' recounted in *Manx Fairy Tales* (1911), the tiny wren is none other than the beautiful enchanteress Tehi Tegi who lures the Manxmen to follow her into the surging waters where they are drowned, while the transformed witch makes her winged escape.

Ditheanan Uibhist le Ciorstaidh Ruadh NicLeòid